

26mh MÀIRT  
2006

A' cuideachadh gus an gnothachas no a' bhuidheann agaibhse a dheasachadh airson an lagh ùr air smocadh.

Stiùireadh airson fastaichean, manaidsearan agus an fheadhainn aig a bheil smachd air làraichean.

# Prìomh nithean firinneach mun lagh ùr smocaidh

- Tha Achd Smocaidh, Slàinte agus Cùram Sòisealta (Alba) 2005 agus na Riaghailtean airson Bacadh Smocaidh ann an Làraichean Sonraichte (Alba) 2006 gan cur an cèill air 26 Màirt 2006 aig 6m. Tha an lagh ùr ga thoirt a-steach airson beathannan a shàbhaladh agus stad a chur air galaran a tha air an adhbhrachadh le smocadh fulangach<sup>1</sup>.
  - Bho 6m air 26 Màirt 2006 chan fhaod sibhse, an luchd-obrach agaibh, luchd-ceannach agus luchd-tadhail smocadh air taobh a-staigh làraichean a' ghnòthachais no na buidhne agaibh, ma tha iad a-staigh no ma tha a' chuid as motha dhiubh a-staigh<sup>2</sup>. Tha seo a' toirt a-steach làraichean a bha comharraichte roimhe mar 'seòmraichean smocaidh'.
  - Is e glè bheag de làraichean a tha saor bhon chasg smocaidh. Bidh an lagh ùr a' toirt buaidh air a' chuid as motha de làraichean poblach, a' toirt a-steach àiteachan-obrach agus carbadan obrach.
  - Is e gnìomh eucorach a bhios ann mura tèid cumail ris an lagh. Faodar càin shuidhichte £50 a chur air daoine fa leth airson a bhith a' smocadh ann an làrach far nach fhaodar smocadh. Dh'fhaodadh gun tèid càin shuidhichte de £200 air a' mhanaidsear no an neach a tha os cionn làraichean far nach fhaodar smocadh airson an dà chuid:
    - leigeil le feadhainn eile smocadh ann an làrach far nach fhaodar smocadh
    - fàilligeadh sanasan rabhaidh a chur suas ann an làraichean far nach fhaodar smocadh
- Ma dhiùltar pàigheadh no ma dh'fhailicheas oirbh pàigheadh faodar ur toirt gu lagh agus càin suas ri £2,500<sup>3</sup> a chur oirbh.
- Feumaidh an gnothachas no a' bhuidheann agaibh ceumannan a ghabhail gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach, luchd-ceannach, buill agus luchd-tadhail a' cumail ris an lagh ùr.
  - Bidh oifigearan ùghdaraichte bhon chomhairle ionadail a' cur an lagh an cèill agus a' tairgsinn taic do ghnòthachasan.

Ma tha sibh airson barrachd fhaighinn a-mach, tadhailibh air [www.clearingtheairscotland.com](http://www.clearingtheairscotland.com) no cuiribh fios air Sgioba Smachdachaidh Tombaca Riaghaltas na h-Alba, a' cleachdadh an fhiosrachaidh air an duilleig chùil. Faodar fios a chur gu oifigearan co-èigneachaidh ùghdaraichte aig a' chomhairle ionadail agaibh (gheibhear fiosrachadh mun deidhinn anns an leabhar fòn ionadail agaibh).

---

<sup>1</sup> Tha smocadh fulangach a' ciallachadh a bhith a' tarraing a-steach toit tombaca feadhainn eile. Canar smocadh ath-ghnàthach no Smoc Tombaca Àrainneachd (STA) ri toit tombaca dhaoine eile cuideachd.

<sup>2</sup> Àite poblach, a' gabhail a-steach àit'-obrach, air a bheil mullach, agus le ballachan timcheall còrr is 50% dhe.

<sup>3</sup> Faodar cùis lagha a thogail an àite slighe tiocaid peanais shuidhichte no far a bheil tiocaid peanais shuidhichte air a thoirt seachad agus far a bheil e a' fàilligeadh air an neach am peanais a phàigheadh

# Clàr-innse

Ro-ràdh	4
Carson a tha sinn a' toirt a-steach an lagh ùr	4
Àiteachan far am bi an lagh ùr a' buntainn	5
Àiteachan nach eil air an gabhail a-steach	5
Mar a ghèilllear ris an lagh ùr	6
Soighnichean Chan fhaodar smocadh airson làraichean	6
Soighnichean Chan fhaodar Smocadh airson carbadan	7
Àiteachan far am faod luchd-obrach no luchd-ceannach smocadh	7
Dè a nì thu ma dhiùltas cuideigin cumail ris a' chasg smocaidh	8
A' cur an cèill an lagh ùr smocaidh	9
Poileasaidh Saor-bho-Smocadh	9
EARR-RÀDH A	11
EARR-RÀDH B	13
EARR-RÀDH C	14

# Ro-ràdh

Air 26 Màirt 2006 atharraichidh an lagh air smocadh ann an Alba. Bhon latha seo a-mach cha bhi smocadh air a cheadachadh ann an àiteachan poblach dùinte, no a tha dùinte gu ìre mhòr, ann an Alba, leithid àiteachan-obrach. Tha an leabhran seo a' tairgsinn fiosrachadh agus comhairle air an lagh ùr don fheadhainn aig a bheil smachd air àiteachan obrach agus poblach – a' gabhail a-steach làraichean ceadaichte leithid bàraichean, taighean-òsta, clubaichean de gach seòrsa, caféan agus taighean-bìdh.

Is e an t-amas dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile gnothachas agus àite poblach eile, aig a bheil inbhe 'Chan fhaodar Smocadh' fon lagh ùr, deiseal an uair a thèid an casg air smocadh a chur an cèill aig 6m air 26 Màirt 2006 – a' gèilleadh ris an lagh.

Chaidh an leabhran seo a leasachadh ann an co-chomhairle ri gnothachasan. Feuch gun cuimhnich sibh ge-tà, gur ann airson stiùireadh a-mhàin a tha e. Ma tha teagamh sam bith agaibh mu dheidhinn nan dleastanasan laghail agaibh, thathar a' comhairleachadh dhuibh comhairle laghail neo-eisimeil a shireadh dhuibh fhèin.

## Carson a tha sinn a' toirt a-steach an lagh ùr

Tha Pàrlamaid na h-Alba air gabhail ris an reachdas ùr seo gus daoine ann an Alba a dhion bho na buaidhean cronail a tha aig smocadh fulangach.

Rinn a' Chomataidh Saidheansail air Tombaca agus Slàinte ath-bhreithneachadh air an fhianais air smocadh fulangach ann an 2004. Dhearbh iad gu bheil e na fhìor chunnart slàinte phoblach – a' meudachadh cunnart aillse sgamhain, tinneas cridhe agus tinneas analachaidh ann an inbhich, agus ag adhbharachadh caochladh de thinneasan do chloinn.

Tha mòran dhaoine dhen bharrail gun cuir fionnarachadh ceart às do na cunnartan slàinte a tha ceangailte ri smocadh fulangach. Ach tha fianais gu leòr ann a tha a' sealltainn nach eil siostaman fionnarachaidh ach a' cur às do fhàileadh agus follaiseachd toit – agus chan e na stuthan puinnseanta. Bho nach eil ìre shàbhailte ann airson a bhith a' gabhail toit neach eile air d'anail, chan eil fionnarachadh na roghainn idir.

# Àiteachan far an tèid an lagh ùr a chur an cèill

Tha an lagh a' cur bacadh air smocadh ann an àiteachan poblach sònraichte a tha 'dùinte gu lèir no gu ìre mhòir dùinte'. Is e a tha seo ach àite le mullach-seòmair no mullach-taighe a tha - a thuilleadh air dorsan, uinneagan agus trannsaichean – an dàrna cuid dùinte gu lèir (co dhiubh a tha sin làn-ùine no rè-ùine); no a tha dùinte seach fosgladh a tha nas lugha na leth dhen raon timcheall nam ballachan aige. Tha seo a' ciallachadh nach bi 'seòmraichean-smocaidh' mar a theireadh riutha roimhe ceadaichte tuilleadh.

Bidh buaidh aig an lagh ùr cuideachd air carbadan a tha air an cleachdadh airson adhbharan gnothachais. Tha iad seo a' toirt a-steach carbadan bathar aotram agus troma, agus còmhhdhail phoblach leithid tacsaidhean, busaichean, tràanaichean agus aiseagan. Ach, ma tha sibh a' cleachdadh car (agaibh fhèin no car companaidh) airson adhbharan gnothachais, bidh sin saor bhon lagh.

Tha liosta de na làraichean sin a bhios mar 'làraichean far nach fhaodar smocadh' fon lagh ùr, ma tha iad dùinte gu lèir no gu ìre mhòir dùinte, air an cur a-mach gu h-iomlan ann an Earr-ràdh A.

# Àiteachan nach eil air an toirt a-steach

Chan eil ach glè bheag de dh'àiteachan a tha saor bhon lagh ùr. Tha liosta iomlan dhiubh seo ri fhaighinn ann an Earr-ràdh C.

Thèid tuilleadh stiùiridh a thoirt seachad do na làraichean sin a tha anns an raon chùraim agus a tha saor bhon lagh. Nì seo cinnteach gu bheil poileasaidhean smocaidh cinnteach stèidhichte agus nach eil 'seòmraichean ainmichte' air an cleachdadh ach a-mhàin airson adhbharan daonna – gus nach fheum euslaintich nach eil a' smocadh, luchd-tadhail agus luchd-obrach a bhith nochdte ri smocadh fulangach.

Thathas a' comhairleachadh do shealbhadairean agus manaidsèaran anns an raon chùraim beachdachadh gu mionaideach air a' mhineachadh airson 'seòmraichean ainmichte' air taobh a-staigh an reachdais (Earr-ràdh A) ma tha iad ag ainmeachadh seòmar sam bith mar sheòmar smocaidh, gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' cumail ris an lagh ùr.

Faodaidh taighean-òsta, taighean leabaidh agus braiceast, taighean-sèinnse no hostalan etc – anns a bheil co dhiubh dà sheòmar air an cur ma seach a dh'aona ghnothaich airson àite cadail airson aoidhean – aon no barrachd de sheòmraichean ainmeachadh far am faod an luchd-còmhnaidh smocadh, ma thogras iad. A-rithist, ge-tà, bu chòir do shealbhadairean agus manaidsèaran beachdachadh gu cùramach air a' mhineachadh airson 'seòmar-cadail taigh-òsta ainmichte' ann an Earr-ràdh A gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' coinneachadh ri iarrtasan an lagh.

Chan eil, mar a shaoileadh tu, dleastanas laghail sam bith air sealbhadairean nan làraichean a tha saor bhon lagh ùr raointean ainmichte a thairgsinn airson smocadh mura bheil iad ag iarraidh sin a dhèanamh.

# Mar a ghèillear ris an lagh ùr

Bho 6m air Didòmhnaich 26 Màirt 2006, feumaidh a h-uile gnothachas agus buidheann ann an Alba ris a bheil an lagh a' buntainn gach 'cùram a tha reusanta' a ghabhail gus dèanamh cinnteach nach eil luchd-obrach, luchd-ceannach agus luchd-tadhail eile a' smocadh air na làraichean aca.

Tha sinn a' moladh gun gabh sibh na ceumannan a leanas aig a' char as lugha:

- Taisbeinibh na soighnichean 'Chan fhaodar Smocadh' mar a tha air iarraidh (faic gu h-iosal) ann an dòigh 's gu bheil luchd-obrach, luchd-ceannach agus luchd-tadhail mothachail gum feum iad cumail ris an lagh ùr smocaidh.
- Thoiribh air falbh gach soitheach-luatha.
- Leasaichibh agus cuiribh an cèill poileasaidh saor-bho-smocadh leis an luchd-obrach gus dèanamh cinnteach gun tèid dèiligeadh ri bristidhean sam bith le luchd-obrach, luchd-ceannach, buill etc fo na modhan-obrach aontaichte (faic duilleag 13).
- Innisibh do neach sam bith a tha a' smocadh gu bheil e/i a' dèanamh eucoir.
- Iarraibh gun cuir iad às an stuth a tha iad a' smocadh sa bhad no iarraibh orra falbh.
- Diùltibh seirbheis do neach sam bith a tha a' smocadh an aghaidh an lagh (ma tha an gnothachas agaibh a' tairgsinn seirbheis do luchd-cleachdaidh no buill).

## Soighnichean Chan fhaodar Smocadh airson làraichean

Tha e mar fhiachadh oirbh fon lagh soighnichean 'Chan fhaodar Smocadh' a thaisbeanadh ann no air làraichean sam bith air a bheil an casg a' toirt buaidh, gus an tèid am faicinn agus an leughadh le daoine air an làraich agus le feadhainn a' tighinn a dh'ionnsaigh na làraich. Feumaidh iad a bhith air an taisbeanadh gu follaiseach agus a bhith air an dìon bho atharrachadh, milleadh, toirt air falbh no falach.

Is e an t-iartras soighnidh as lugha airson làraichean, soighne 'Chan fhaodar Smocadh' a tha:

- Co-dhiù 230mm le 160mm ann am meud.
- A tha ag innse gur e làraichean far nach fhaodar smocadh a tha annta agus gur e eucoir a tha ann smocadh annta no a bhith a' ceadachadh smocadh annta.
- A' taisbeanadh an samhla eadar-nàiseanta 'Chan fhaodar Smocadh', aig a bheil cuairt-thomhas 85mm aig a' char as lugha.
- A' taisbeanadh ainm an neach ris am faodar gearan a dhèanamh le neach sam bith a tha a' faicinn cuideigin a' smocadh.

Tha e an urra ris a' mhanaidsear no an neach aig a bheil smachd co-dhùnadh a dhèanamh mun àireamh shanasan a tha a dhìth gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile duine a tha air an làrach mothachail nach fhaodar smocadh. Ma cho-dhùineas sibh gu bheil feum air barrachd air aon sanas 'Chan fhaodar Smocadh', feumaidh na sanasan a bharrachd:

- Aithris gur e làrach far nach fhaodar smocadh a tha anns an làrach agus gur e eucoir a th' ann smocadh ann no smocadh a cheadachadh ann.
- An samhla eadar-nàiseanta 'Nch fhaodar Smocadh' a thaisbeanadh, le cuairt-thomas 85mm aig a' char as lugha.

# Soighnichean Chan fhaodar Smocadh airson carbadan

Tha e mar fhiachadh oirbh cuideachd fon lagh soighnichean 'Chan fhaodar Smocadh' a thaisbeanadh am broinn no air carbadan sam bith air a bheil an casg a' toirt buaidh ann an dòigh 's gum faodar na soighnichean fhaicinn agus an leughadh leis na tha anns a' charbad, a thuilleadh air daoine a tha a' tighinn a dh'ionnsaigh a' charbaid. Tha an t-iomradh air carbadan a' gabhail a-steach trèanaichean, busaichean, tacsaidhean, caraichean fastaidh priobhaideach agus soitheach, bàta no hovercraft sam bith. Chan eil dleastanas laghail air meud nan soighnichean seo ach feumaidh iad fhathast tighinn a rèir iartasan sònraichte.

Is e an t-iarrtas soighnidh as lugha fon lagh ùr airson carbadan buntainneach sam bith sanas 'Chan fhaodar Smocadh' a tha:

- Ag aithris nach fhaodar smocadh sa charbad agus gur e eucoir a tha ann smocadh na bhroinn no smocadh a cheadachadh ann.
- A' taisbeanadh an samhla 'Chan fhaodar Smocadh' eadar-nàiseanta.
- A' taisbeanadh ainm dreuchd shònraichte (m.e. am manaidshear) ris am faodar gearan a dhèanamh le neach sam bith a tha a' faicinn cuideigin a' smocadh.

Faodar lethbhreacan de dh'eisimpleirean soighnidh a tharraing a-nuas bho [www.clearingtheairscotland.com](http://www.clearingtheairscotland.com). Faodaidh sibh cuideachd na soighnichean agaibh fhèin a leasachadh, ach feuch gun dèan sibh cinnteach gu bheil iad a' coileanadh na h-iartasan gu h-àrd airson gèilleadh ris an lagh.

## Raointean far am faod luchd-obrach no luchd-ceannach smocadh

Ma tha sibh airson raointean smocaidh a thairgsinn don luchd-obrach agus an luchd-ceannach agaibh a-muigh, bu chòir dhuibh co-chomhairle a chumail ris an luchd-obrach agaibh, an uairsin comhairle laghail agus planadh ionadail a ghabhail gus dèanamh cinnteach gu bheil na molaidhean agaibh a' tighinn a rèir an lagh. Ann a bhith a' dealbh raon smocaidh sam bith a-muigh, feuch gun cuimhnich sibh gu bheil am mineachadh laghail de 'raon a tha dùinte no dùinte sa mhòr-chuid' – a dhearbhas co dhiubh a tha an lagh a' buntainn ris – air a mhineachadh ann an Earr-ràdh A.

Far nach eil raon smocaidh a-muigh gu bhith air a chruthachadh, agus far am feum an luchd-obrach agus/neo an luchd-ceannach an làrach fhàgail airson smocadh, is dòcha gum biodh sibh cuideachd airson cuinneagan cur às thoitean a chur aig na dorsan a-steach agus a-mach airson ìrean sgudail a chumail cho ìosal 's a ghabhas.

Bu chòir beachdachadh cuideachd air rudan a dhionas sàbhailteachd nan daoine sin, mar eisimpleir ma tha an t-àite a thathas a' cleachdadh a-muigh airson smocadh ann an àite iomallach no mura bheil cus soluis ann. Is dòcha gum faod an t-oifigear sàbhailteachd coimhearsnachd ionadail agaibh comhairle a thoirt dhuibh. Faodar fios a chur orra tro Phrìomh oifisean a' Phoileis ionadail agaibh.

# Na bu chòir a dhèanamh ma tha cuideigin a' briseadh a' chasg smocaidh

Tha sinn misneachail gun seall a' mhòr-chuid de dhaoine urram don lagh ùr air smocadh. Ge-tà, tha e cudromach gum bheil fios agaibh de a bu chòir dhuibh a dhèanamh ma chumas cuideigin orra a' smocadh:

- Tarraingibh aire an neach gu na soighnichean 'Chan fhaodar Smocadh' agus cuiribh nan cuimhne gu bheil iad a' dèanamh eucoir. Iarraibh orra gu modhail stad a' smocadh.
- Comhairlichibh an neach gu bheil e na eucoir cuideachd dhutsa, (mar shealbhadair, manaidsear etc), leigeil le duine sam bith smocadh.
- Minich dhaibh gu bheil poileasaidh saor-bho-smoc aig a' ghnothachas airson dèanamh cinnteach gu bheil àrainneachd obrach shàbhailte ann airson an luchd-obrach agus an luchd-ceannach gu lèir.

Mas e neach-obrach a tha a' smocadh:

- Mura deach èisteachd ris an rabhadh agaibh, iarraibh orra an làrach fhàgail (agus, far a bheil e iomchaidh, innisibh dhaibh far am faod iad smocadh).
- Ma dhiùltas an neach, cuiribh an cèill am modh-obrach smachdachaidh àbhaisteach airson giùlan mì-shòisealta/mì-laghail anns an àit'-obrach.
- Cumaibh clàr air leithid a thachartasan agus na co-dhùnaidhean aca uile.

Mas e neach-ceannach a tha a' smocadh:

- Minichibh gum feum luchd-obrach seirbheis a dhiùltadh ma chumas iad orra a' smocadh.
- Ma chumas neach-ceannach orra a' smocadh, iarraibh orra an làrach fhàgail (agus, far a bheil e iomchaidh, innisibh dhaibh càit' am faod iad smocadh).
- Ma dhiùltas e/i, cuiribh an cèill am modh-obrach àbhaisteach airson giùlan mì-shòisealta/mì-laghail airson na làraich.
- Cumaibh clàr air leithid a thachartasan agus na co-dhùnaidhean aca uile.

Anns gach suidheachadh far a bheil fòirneart chorporra no cuir fo eagal air a mhuigheadh no a' tachairt, iarraibh cuideachadh air a' phoileas.

Bidh Loighne Gèillidh Naiseanta ag obrachadh as dèidh don lagh ùr tighinn a-steach. Bidh na prìsean airson na seirbheis seo aig ìrean ionadail agus leigidh e leis a' phoball aithris mu neach sam bith a tha a' smocadh ann an àiteachan poblach dùinte. Thèid an àireamh a shanasachadh mus tig an lagh a-steach, agus thèid gach gearan a rannsachadh.

# A' co-èigneachadh an lagh ùr smocaidh

Thèid an lagh a cho-èigneachadh le Oifigearan Slàinte Àrainneachd, a tha air cead fhaighinn bhon ùghdarras ionadail aca an obair seo a dhèanamh. Tha na h-oifigearan seo ag obair gu dlùth mar-thà ri gnothachasan ann an raointean leithid Sàbhailteachd Bìdh agus Slàinte agus Sàbhailteachd. Thèid dòigh-obrach choltach a chleachdadh airson an lagh ùr smocaidh a chur an cèill – a' tairginn comhairle agus taic do ghnòthachasan far an gabh sin a dhèanamh.

Bidh cumhachd aig oifigearan co-èigneachaidh ùghdaraichte a dhol a-steach gu làraichean far nach fhaodar smocadh airson a dhearbhadh co dhiubh a thathas a' cumail suas an lagh. Nì iad measadh cuideachd co dhiubh a tha an fheadhainn a tha os cionn nan làraichean air gach ceum reusanta a ghabhail airson toirt air daoine smocadh a sheachnadh.

Bidh sgrùdaidhean a thèid a ghabhail os làimh le oifigearan co-èigneachaidh an dà chuid for-ghnìomhach (gus comhairle a thoirt do ghnòthachasan agus gèilleadh ris an lagh a dhearbhadh), no ais-ghnìomhach (mar fhreagairt ri gearan). Faodaidh sgrùdaidhean a bhith air an gabhail a-steach air taobh a-staigh sgrùdaidhean slàinte agus sàbhailteachd agus glainnead bìdh eile cuideachd.

Faodaidh oifigearan co-èigneachaidh sgrùdaidhean a dhèanamh ann an grunn dhiofar dhòighean. Dh'fhaodadh seo sgrùdaidhean a ghabhail a-steach:

- far an innis oifigearan ro-làimh cò iad mus dèan iad measadh air an t-suidheachadh am broinn làraich; no
- sgrùdadh nas falaichte, far am bi oifigearan a' measadh an t-suidheachaidh le bhith a' cumail sùil, agus an uairsin a' leigeil fhaicinn cò iad as dèidh greis sgrùdaidh.

Aig gach àm feuchaidh oifigearan dòigh-obrach neo-chonnspaideach a chleachdadh.

## Poileasaidh Saor-bho-Smoc

Airson an lagh ùr agus na builean aige uile a chonaltradh, tha sinn a' moladh gu làidir gun leasaich agus gum builich sibh poileasaidh sgrìobhte saor-bho-smoc. Bu chòir don phoileasaidh seo:

- A bhith pongail agus furasta a thuigsinn.
- Buill den sgioba stiùiridh agus den luchd-obrach le uallach airson a bhuileachadh a chomharrachadh.
- Na dòighean-obrach a bu chòir a leantail mura bheileas a' cumail ris an lagh innse.
- Aithne a thoirt don chòir a tha aig luchd-obrach obrachadh ann an àrainneachd a tha saor-bho-smoc.
- Fiosrachadh a thairginn air ciamar a gheibhear cobhair airson stad a' smocadh.
- A bhith air a thoirt don luchd-obrach gu lèir – agus gu sònraichte do luchd-obrach ùra no pàirt-ùine mus tòisich iad air obair.

Ma thèid am poileasaidh a bhriseadh, bu chòir ceumannan smachdachaidh a ghabhail. Bu chòir dha seo a bhith coltach ris na modhan-obrach a tha air an cleachdadh airson briseadh chùisean slàinte agus sàbhailteachd eile. Bu chòir rabhadh 12 seachdain a thoirt do luchd-obrach a thaobh atharrachadh sam bith ann an cumhaichean obrach.

Airson beachd a thoirt dhuibh air na bu còir a ghabhail a-steach anns a' phoileasaidh, tha eisimpleir air an ath dhuilleig. Tha lethbhreac bhàn dhen phoileasaidh cuideachd am broinn a' phasgain seo. Faodar seo a lìonadh a-steach agus a chleachdadh air taobh a-staigh a' ghnòthachais no na buidhne agaibh fhèin.

Faodaidh an Aonad Albannach airson Beathannan Fallain ag Obair (a' gabhail a-steach Slàinte Alba ag Obair) cuideachd ur cuideachadh gus poileasaidh a leasachadh. Faodaidh sibh fios a chur chun an loighne-cuideachaidh nàiseanta air 0800 019 2211 no tadhal air an làrach-lìn aig [www.healthyworkinglives.com](http://www.healthyworkinglives.com) airson tuilleadh fiosrachaidh.

# Poileasaidh Saor-bho-Smoc

## Adhbhar

Chaidh am poileasaidh seo a leasachadh airson luchd-obrach, luchd-cleachdaidh seirbheis, luchd-ceannach agus luchd-tadhail uile a dhìon bho smoc dhaoine eile gus cuideachadh ann a bhith a' gèilleadh ris an Achd Smocaidh, Slàinte agus Cùram Sòisealta (Alba) 2005.

Tha smoc dhaoine eile, no smocadh fulangach mar a theirear ris cuideachd, a' meudachadh cunnart aillse sgamhain, tinneas cridhe agus tinneas eile. Chan eil fionnarachadh no a bhith a' sgaradh luchd smocaidh agus feadhainn nach eil a' smocadh am broinn an aon àrainneachd buileach a' stad buaidhean a dh'fhaodadh a bhith cunnartach.

## Poileasaidh

Is e am poileasaidh aig [CUIRIBH A-STEACH AINM A' GHNOTHACHAIS] gu bheil a h-uile gin de na làraichean-obrach againn saor-bho-smoc agus gu bheil còir aig an luchd-obrach againn uile obrachadh ann an àrainneachd a tha saor-bho-smoc. Thèid am poileasaidh a chur an cèill air [CEANN-LATHA] agus thèid ath-bhreithneachadh air [CEANN-LATHA] le [AINM].

Tha smocadh air a thoirmeasg air feadh an àit'-obraich gu lèir gun eisgeachd sam bith. Tha seo a' toirt a-steach carbadan obrach. Tha am poileasaidh seo a' buntainn ri luchd-obrach, luchd-comhairleachaidh, cùmhnantaich, luchd-ceannach no buill agus luchd-tadhail uile.

[MA THA ÀITEACHAN A-MUIGH FAR AM FAOD LUCHD-OBACH AGUS LUCHD-CEANNACH SMOCADH, BU CHÒIR DHAIBH SEO GÈILLEADH RIS AN LAGH AGUS FAODAR AM MÌNEACHADH AN-SEO]

## Buileachadh

Tha uallach iomlan airson am poileasaidh a bhuileachadh agus ath-bhreithneachadh an urra ri [AINM (am manaidsear no an neach a tha os cionn an làraich)]. Tha e mar dhleastanas air an luchd-obrach gu lèir cumail ris, agus cuideachadh gus am poileasaidh a bhuileachadh.

Innsidh an neach a tha ainmichte gu h-àrd don luchd-obrach, luchd-comhairleachaidh agus cùmhnantaich uile mun poileasaidh agus mun dleastanas a tha orra a thaobh a bhith a' buileachadh agus a' cumail sùil air a' phoileasaidh. Bidh aca cuideachd ri lethbhreac dhen poileasaidh a thoirt do luchd-obrach ùra aig àm fastaidh/inntrigidh.

Bidh soighnichean iomchaidh 'Chan fhaodar Smocadh' air an taisbeanadh gu follaiseach air dorsan a' dol a-steach gu agus am broinn nan làraichean.

## Neo-ghèilleadh

Bu chòir modhan-obrach a leantail mura bheil ball dhen luchd-obrach a' gèilleadh ris a' phoileasaidh seo. Bu chòir na modhan-obrach a tha air an cur a-mach air duilleag 12 a leantail mura bheil neach-ceannach, neach-tadhail no neach-siubhail a' gèilleadh. Faodar càin peanais shuidhichte agus 's dòcha cùis lagha eucorach a thogail an aghaidh an fheadhainn nach cùm ris an lagh smocaidh.

## Cuideachadh gus Stad a' Smocadh

Thèid taic a thairginn do luchd-smocaidh a tha ag iarraidh stad. [THOIRIBH SEACHAD FIOSRACHADH IONADAIL AN-SEO]

Seo cuid de thobraichean taic: Loighne-smocaidh 0800 848484, [www.hebs.com/tobacco](http://www.hebs.com/tobacco), an Roinn Slàinte Phoblach aig a' Bhòrd SNS ionadail agaibh, no lèigh-lann an dotair ionadail agaibh. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh anns an leabhar-fòn ionadail agaibh.

# EARR-RÀDH A

ACHD SMOCAIDH, SLÀINTE AGUS CÙRAM SÒISEALTA (ALBA) 2005

RIAGHAILTEAN TOIRMEASG SMOCAIDH ANN AN LÀRAICHEAN SÒNRAICHTE (ALBA) 2006

Tha pàirt 1 de Achd Smocaidh, Slàinte agus Cùram Sòisealta (Alba) 2005 a' toirmeasg smocadh ann an àiteachan a tha dùinte no gu ìre mhòr dùinte. Tha e a' cur a-mach na clontan a tha buntainneach don Achd, na peanasan airson neo-ghèilleadh, na riathanasan airson a bhith a' taisbeanadh soighnichean nach fhaodar smocadh, agus a toirt cumhachdan do dh'oifigearan ùghdarachta bhon chomhairle iomchaidh an lagh a chur an cèill.

Tha Riaghailtean Toirmeasg Smocadh ann an Làraichean Sònraichte (Alba) 2006, a tha air an dèanamh fon Achd, a' cur a-mach nan làraichean far 'Chan fhaodar Smocadh' agus na làraichean sin (no pàirt de làraichean) a tha saor bhon lagh. Tha iad cuideachd a' dèanamh tuilleadh solarachaidh co-cheangailte ri taisbeanadh shanasan nach fhaodar smocadh.

Faodar lethbhreac dhen Achd agus na Riaghailtean fhaighinn bho [www.clearingtheairscotland.com](http://www.clearingtheairscotland.com), no le bhith a' cur fios gu Sgioba Smachdachaidh Tombaca Riagaltas na h-Alba (fiosrachadh seòlaidh air a' chòmhdach chùil).

Gheibhear ceistean a tha gnothachasan a' faighneachd gu tric agus freagairtean air an làraich-lìn cuideachd agus faodaidh sibh post-d a chur air falbh airson tuilleadh fiosrachaidh mura a bheil a' cheist agaibh air a sealltainn.

Tha cuid de mhìneachaidhean buntainneach, mar a tha air an cur a-mach anns an Achd no anns na riaghailtean, air an toirt seachd gu h-ìosal:

'Làraichean far nach fhaodar smocadh' – tha iad seo a' toirt a-steach làraichean a tha dùinte gu lèir no dùinte gu ìre mhòr agus a tha air an cur a-mach ann am Pàipear-taice 1 ris na Riaghailtean Smocaidh (air an liostadh ann an Earr-ràdh B), ach a-mhàin saoraidhean a tha air an cur a-mach ann am Pàipear-taice 2 (air an liostadh ann an Earr-ràdh C).

Tha na seòrsachan làraich a dh'fhaodar a mhìneachadh air taobh a-staigh nan riaghailtean mar 'làraichean far nach fhaodar smocadh' cuingealaichte fon Achd ri aon de 4 seòrsa làrach, mar a leanas:

- làraichean a tha fosgailte don phoball no earrann den phoball;
- làraichean a tha air an cleachdadh gu lèir no anns a' mhòr-chuid mar àite obrach;
- làraichean a tha air an cleachdadh le agus airson adhbharan cluba no comann neo-chorporra eile; no
- làraichean a tha air an cleachdadh gu lèir no anns a' mhòr-chuid airson solarachadh seirbheisean foghlaim no slàinte no cùraim.

Tha 'Smoc' a' ciallachadh toit tombaca, susbaint no measgachadh sam bith a tha a' toirt a-steach smoc no susbaint no measgachadh sam bith eile; agus tha neach air a mheas mar a bhith a' smocadh ma tha an neach a' cumail no ma tha sealbh no smachd aca air tombaca laiste, susbaint no measgachadh laiste sam bith a tha a' toirt a-steach tombaca no susbaint no measgachadh laiste sam bith eile a tha ann an riochd no ann an soitheach far am faodar a smocadh.

Airson adhbharan earrann 4(2) den Achd, tha:

- (a) 'Làraichean' a' toirt a-steach –
- (i) togalach sam bith no pàirt de thogalach;
  - (ii) structair sam bith no pàirt de structair, co dhiubh a ghabhas gluasad no eile;
  - (iii) ionad ùr sam bith air fearann no aig muir;
  - (iv) teanta sam bith, marquee no stalla; agus
  - (v) carbad sam bith.
- (b) Tha 'Dùinte gu lèir' a' ciallachadh –
- (i) airson làraichean a thuilleadh air carbad no pàirt de charbad, far a bheil mullach-seòmair no ceann-taighe agus, seach airson dorsan, uinneagan agus tranntsaichean, a tha dùinte gu lèir, co dhiubh làn-ùine no rè-ùine; no
  - (ii) airson làraichean a tha nan carbad, no pàirt de charbad, le mullach no ceann agus, seach airson dorsan, uinneagan agus tranntsaichean, a tha dùinte gu lèir, co dhiubh làn-ùine no rè-ùine.
- (c) Tha 'Dùinte sa mhòr-chuid' a' ciallachadh –
- (i) airson làraichean a thuilleadh air carbad no pàirt de charbad, air a bheil mullach-seòmair no ceann agus, seach airson dorsan, uinneagan agus tranntsaichean, dùinte sa mhòr-chuid, co dhiubh làn-ùine no rè-ùine; no
  - (ii) airson làraichean a tha nan carbad, no pàirt de charbad, le mullach no ceann agus, seach airson dorsan, uinneagan no slighean a-mach, dùinte sa mhòr-chuid, co dhiubh làn-ùine no rè-ùine, agus ann a bhith a' dearbhadh co dhiubh a tha làraichean 'dùinte sa mhòr-chuid', chan fhaodar suim a ghabhail de dh'fhosglaidhean far a bheil dorsan, uinneagan no cubhaidhean eile a ghabhas fosgladh no dùnadh;
- (d) Bidh làraichean air am meas mar 'dùinte sa mhòr-chuid' ma tha –
- (i) meud an fhosglaidh am broinn nan làraichean; no
  - (ii) ma tha barrachd is aon ann, gu bheil na dhà no na fosglaidhean seo uile, a tha nas lugha na leth den àite timcheall nam ballachan, a' gabhail a-steach structairean eile a tha a' frithealadh mar bhallachan, a bhios a' cunntais mar chuairt-thomhas na làraich.
- (e) Far a bheil fosgladh ann, no a tha a' dèanamh suas airson gainnead, leithid a bhallachan no structairean eile no mar phàirt dhiubh, thèid an raon aca a thomhas airson adhbharan paragraf (d) mar gum biodh e a' gabhail a-steach an raon airson an fhosglaidh; agus
- (f) Tha 'Le ruigsinneachd' a' ciallachadh le ruigsinneachd co dhiubh air a phàigheadh no eile, agus co dhiubh a tha sin mar chòir no air sàilleabh cead a chaidh iarraidh a dh'aona ghnòthaich no a tha air a thuigsinn mar chòir.

Co-cheangailte ri làraichean a tha saor bhon lagh (faic Earr-ràdh C), tha na Riaghailtean cuideachd a' tairgsinn nam mìneachaidhean a leanas:

Tha 'Seòmar Ainmichte' a' ciallachadh seòmar –

- (a) a chaidh ainmeachadh leis an neach aig a bheil stiùireadh no smachd air na làraichean far nach fhaodar smocadh mar sheòmar far a bheil smocadh air a cheadachadh;
- (b) le mullach agus, seach dorsan agus uinneagan, a tha dùinte gu lèir air gach taobh le ballachan bho làr-gu-mullach;
- (c) le siostam fionnarachaidh nach eil a' fionnarachadh a-steach do phàirt sam bith eile de na làraichean far nach fhaodar smocadh (seach seòmraichean ainmichte sam bith eile); agus
- (d) a tha air a chomharrachadh gu soilleir mar seòmar far a bheil smocadh air a cheadachadh.

Tha 'Seòmar-cadail taigh-òsta ainmichte' a' ciallachadh seòmar –

- (a) a tha air a chur ma seach a dh'aona-ghnòthaich mar àite-cadail airson luchd-siubhail;
- (b) a tha air ainmeachadh leis an neach a tha na mhanaidsear no aig a bheil smachd air an taigh-òsta mar sheòmar far a bheil smocadh air a cheadachadh;
- (c) le mullach agus, seach dorsan agus uinneagan, a tha dùinte gu lèir air gach taobh le ballachan cruaidhe bho làr-gu-mullach;
- (d) le siostam fionnarachaidh nach eil a' fionnarachadh a-steach do phàirt sam bith eile dhen taigh-òsta (seach seòmraichean-cadail ainmichte eile san taigh-òsta); agus
- (e) a tha air a chomharrachadh gu follaiseach mar sheòmar far a bheil smocadh air a cheadachadh.

# EARR-RÀDH B

## ‘LÀRAICHEAN FAR NACH FHAODAR SMOCADH’ (mar a tha air an liostadh ann am Pàipear-taice 1 ris na Riaghailtean)

Is iad na làraichean a thuiteas air taobh a-staigh comas an reachdais, agus a chaidh an seòrsachadh mar ‘làraichean far nach fhaodar smocadh’:

1. Taighean-bìdh.
2. Bàraichean agus taighean-seinnse.
3. Bùithtean agus aonadan bhùithtean.
4. Taighean-òsta.
5. Leabharlannan, tasglannan, taighean-tasgaidh agus galaraidhean.
6. Taighean-dhealbh, tallachan consairt, taighean-cluiche, tallachan bingo, ionadan ceàrrachd agus cluiche, casinoan, tallachan dannsa, ionadan disco agus làraichean poblach eile a tha air an cleachdadh airson oirfideas a chumail ri buill dhen phoball.
7. Làraichean a tha air an cleachdadh mar stiùideo craolaidh no stiùideo fiolm no airson a bhith a’ clàradh taisbeanadh, le rùn a chleachdadh ann am prògram seirbheis no ann am fiolm airson taisbeanadh poblach.
8. Tallachan no làraichean sam bith eile a tha buill dhen phoball a’ cleachdadh mar àiteachan cruinneachaidh airson adhbharan sòisealta no cur-seachad.
9. Aonadan co-labhairt, tallachan poblach agus tallachan taisbeanaidh.
10. Taighean-beaga poblach.
11. Làraichean cluba.
12. Oifisean, factaraidhean agus làraichean eile nach eil nan làraichean dachaigheil agus far a bheil aon no barrachd air aon neach ag obair.
13. Làraichean aig muir.
14. Làraichean ionadan foghlamail.
15. Làraichean a tha a’ tairgsinn seirbheisean cùram dachaigh, taigheadas fasgaidh no seirbheisean còmhnaidh teàrainte agus làraichean a tha neo-dhachaigheil agus a tha a’ tairgsinn seirbheisean còmhnaidh chiontaich.
16. Ospadalan, hospican, ospadal leigheas-inntinn, aonadan leigheas-inntinn agus aonadan cùram slàinte.
17. Crèchaichean, sgoiltean-àraich latha, aonadan latha agus làraichean eile a tha air an cleachdadh airson cùram làitheil chloinne agus inbhich.
18. Làraichean a tha air an cleachdadh airson, no co-cheangailte ri, adhradh poblach no foghlam creideimh, no gnìomhan sòisealta no cur-seachad buidhne crànfhach.
19. Aonadan spòrs.
20. Goireasan luchd-siubhail port-adhair agus goireasan còmhdhail phoblach sam bith eile.
21. Carbadan còmhdhail phoblach.
22. Carbadan a tha aon no barrachd a’ cleachdadh airson obair.
23. Boscaichean fòna poblach.

# EARR-RÀDH C

## LÀRAICHEAN A THA SAOR (mar a tha air an liostadh ann am Pàipear-taice 2 ris na Riaghailtean)

Is iad na làraichean (no pàrtean de làraichean) a tha saor bhon reachdas:

1. Dachaighean còmhnaidh.
2. Seòmraichean ainmichte ann an dachaighean cùram inbheach.
3. Hospican inbheach.
4. Seòmraichean ainmichte ann an ospadal leigheas-inntinn agus aonadan leigheas-inntinn.
5. Seòmraichean-cadail ainmichte ann an taighean-òsta.
6. Seòmraichean cumail air ais no agallamh a tha air an ainmeachadh.
7. Seòmraichean ainmichte air làraichean aig muir.
8. Carbadan prìobhaideach.

Tha riochdan eadar-dhealaichte agus tionndaidhean ann an cànanan coimhearsnachd rim faotainn air iarrtas aig an t-seòladh gu h-ìosal.

Roinn Slàinte Riaghaltas na h-Alba,  
Roinn Smachdachaidh Tombaca,  
Taigh Naomh Anndra,  
Dùn Èideann EH1 3DG

Fòn: 0131 244 5660  
Facs: 0131 244 2606  
Làrach-lìn: [www.clearingtheairscotland.com](http://www.clearingtheairscotland.com)  
post-d: [info@clearingtheairscotland.com](mailto:info@clearingtheairscotland.com)

Thathas a' meas gu bheil an sgrìobhainn seo na riochd chuibseach den tùs sgrìobhainn.  
(Gaelic)